

**MG**



**ALBA**

**PASGAN-FASTAIDH**

# CLÀR-INNSE

FÀILTE	3
AR SAOGHAL	4
AR LUACHAN	5
TUAIRISGEUL OBRACH	6
SANAS AGUS STIÙIREADH AIRSON TAGRADH	9



## Facal bhon Àrd-Oifigear againn...

Tha sinn a' sireadh **Foghlainneach Cho-òrdanaiche Chlàir agus Mheadhanan** airson an sgioba againn ann an Steòrnabhagh.

San dreuchd seo, bidh thu a' cluich pàirt chudromach san Sgioba Foillseachaidh againn, sgioba trang agus taiceil, a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile susbaint ceangailte ri BBC ALBA air a dearbhadh, air a clìoradh agus ri faotainn airson cleachdadh air ùrlaran.


Bidh thu a' faighinn eòlas practaigeach ann an dreuchd ioma-chùiseach, agus thu ag obair ri taobh sgiobaidhean eile ann am MG ALBA agus sa BhBC, agus a' togail bunait làidir airson cùrsa-obrach ann am meadhanan.

'S e àm inntinneach a tha seo a bhith nad phàirt de rudeigin as fhiach coileanadh, agus ma tha na sgilean ceart agus beachd deimhinneach agad gus diofar a dhèanamh, bu mhath leinn cluinntinn bhuit.

Anns a' phasgan seo gheibh thu tuairisgeul obrach, sanas obrach agus stiùireadh airson tagradh.

Ma tha riatanasan ciorraim, ruigsinneachd no in-ghabhail sam bith agaibh, feuch an innis sibh dhuinn. Bidh an sgioba againn toilichte freagradh reusanta sam bith a tha a dhìth oirbh a chur an sàs gus an urrainn dhuibh làn phàirt a ghabhail sa phròiseas fastaidh.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri do thagradh.



**Dòmhnall Caimbeul**  
**18/05/2026**



MG ✖  
ALBA

GÀIDHLIG ANNS GACH ÀITE  
AIRSON GACH NEACH

BBB ✖ ALBA

FILMG▶

Learn  
Gaelic

Speak  
Gaelic



# AR LUACHAN

## CRUTHACHALACHD

Tha sinn a' comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Ghàidhlig.

## LUCHD-AMHAIRC

Tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd-amhairc.

## ÀRD-AMAS

Tha sinn ag amas air agus a' lìbhrigeadh sàr-mhathas.

## CO-BHANNTACHD

Tha sinn a' coileanadh tro cho-obrachadh.

## SPÈIS

Tha sinn ag èisteachd; tha sinn a' brosnachadh; tha sinn cothromach.

## Foghlainneach Cho-òrdanaiche Chlàir agus Mheadhanan

<b>Tiotal Obrach</b>	<b>Foghlainneach Cho-òrdanaiche Chlàir agus Mheadhanan</b>	<b>Ìre</b>	<b>B1</b>	<b>Uairean-a-thìde gach seachdain</b>	<b>37</b>
----------------------	--	------------	-----------	---------------------------------------	-----------

**Àite** Steòrnabhagh

**Raon Tuarastail** £27,040 – £31,157

**Cunntachail do** Àrd Cho-òrdanaiche Chlàir agus Mheadhanan

**Amas** A' manaidsèadh lìbhrigeadh agus foillseachadh nan so-mhaoin mheadhanan uile aig MG ALBA agus pàipearan co-cheangailte ri iar-riochdachaidh a tha riatanach gus clàir-ama loidhneach BBC ALBA agus iPlayer a ghlèidheadh.

**Dàimhean-obrach** Bidh an neach-dreuchd ag obair mar bhall den sgioba susbaint aig BBC ALBA còmhla ris an Àrd-Cho-òrdanaiche Chlàir agus Mheadhanan agus bidh iad ag obair gu dlùth leis an Leabharlannaiche Mheadhanan, na sgiobaidhean Foillseachaidh agus Cruthachail aig MG ALBA, an sgioba Taisbeanaidh aig BBC Scotland agus sgiobaidhean Manaidsèadh Mheadhanan ann an Glaschu agus ann an Salford.

**Prìomh Thoraidhean**

- Bidh an neach-dreuchd a' dèanamh cinnteach gu bheil susbaint stèidhichte air faidhlichean a' dlùth-leantainn ri inbhean ro-aontaichte, gu bheil i a' coileanadh nan ceann-ama a tha riatanach airson ceann-ama craolaidh agus gu bheil i tèarainte fa chomhair feumalachdan an ama ri teachd
- Bidh an neach-dreuchd a' dèanamh cinnteach gu bheil dealbhan agus susbaint foillseachaidh eile stèidhichte air faidhlichean a' dlùth-leantainn ri inbhean ro-aontaichte, agus gu bheil iad a rèir feumalachdan an ama ri teachd
- Bidh an neach-dreuchd a' dèanamh cinnteach gu bheileas a' cur susbaint VOD air iPlayer ann an co-rèir ri prìomhachasan an Sgioba Phrògraman
- Bidh an neach-dreuchd a' dèanamh cinnteach gu bheil obair-phàipeir agus meata-dàta air an coileanadh ann an deagh àm airson phrògraman a thathar a' craoladh air BBC ALBA
- Bidh an neach-dreuchd a' manaidsèadh lìbhrigeadh is gèilleadh airson obair-phàipear iar-riochdachaidh uile
- Bidh an neach-dreuchd a' cuideachadh le cumail suas prìomhachasan BBC ALBA le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil mòmaidean ris an canar "tent poles" ann gach mìos
- Bidh an neach-dreuchd a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh eòlas aca air dleastanasan an Leabharlannaiche Mheadhanan gus cuideachadh agus còmhachadh far a bheil sin riatanach
- Bidh an neach-dreuchd a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' dèanamh cheanglaichean èifeachdach le luchd-aithne buntainneach taobh a-staigh Roinn an Taisbeanaidh is Roinn Manaidsèadh Mheadhanan aig BBC Scotland aig Pacific Quay a

bharrachd air Gnìomharaichean Lìbhrigidh Susbaint ann an Salford

- A' gabhail pàirt gu dealasach ann an leasachadh proifeiseanta, a' cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach agus a' suidheachadh amasan tro Amasan agus Prìomh Thoraidhean (OKRan)

## **Prìomh Dhleastanasan**

A' manaidseadh lìbhrigeadh faidhlichean mheadhanan agus pròiseasan eile ceangailte ri DPP taobh a-staigh siostaman a' BhBC agus MG ALBA:

- A' dèanamh "Onboarding" le companaidhean riochdachaidh a thaobh lìbhrigeadh susbaint dhidseatach ann an co-rèir ri riathanasan lìbhrigidh a' BhBC
- A' fìrinneachadh agus a' dearbhadh susbaint bhidio didseatach mus tèid a luchdadh suas gu Fuasgladh Lìbhrigidh Stèidhichte air Faidhlichean (FBDS)
- A' fìrinneachadh agus a' dearbhadh dhealbhan agus susbaint adhartachaidh dhidseatach uile mus tèid an luchdadh suas gu siostaman MG ALBA
- Ag ùrachadh nan siostaman buntainneach uile le meata-dàta mion-cheart
- A' dèanamh cinnteach gu bheil air a h-uile faidhle buntainneach a lìbhrigeadh do dh'Àrd-Riochdairean BBC ALBA, companaidhean riochdachaidh agus sgiobaidhean foillseachaidh air-loidhne in-taigh

Stèidhichte air fiosrachadh bhon Cheannard Foillseachaidh:

- Ag atharrachadh agus a' cur fiosrachadh chlàir a-steach don t-siostam sgeidealachaidh "What's On"
- A' cuideachadh le bhith a' cumail suas clàr chraolaidh agus ga riarachadh don h-uile phàrtaidh bhuntainneach
- A' cur a-steach ceòl do siostam "What's On"
- A' dèanamh cinnteach gu bheil clàr iPlayer a' co-fhreagairt ris a' chlàr loidhneach
- A' manaidseadh agus a' chur dhan chlàr susbaint VOD air iPlayer
- A' cruthachadh Pids airson Susbaint Didseatach An-toiseach taobh a-staigh iB3

A' fàs sgileil ann a bhith a' cleachdadh Silvermouse gus obair-phàipeir iar-riochdachaidh uile a chumail suas ann an co-rèir ri riathanasan a' BhBC airson craoladh air BBC ALBA.

A' dèanamh cheanglaichean ri companaidhean riochdachaidh neo-eisimeileach a thaobh na ghabhas lìbhrigeadh airson craoladh.

A' cuideachadh le bhith a' tionail obair-phàipeir iar-riochdachaidh nach eil air Silvermouse.

A' manaidseadh agus a' coileanadh Aithriseadh Ciùill airson riochdachaidhean bhon taobh a-staigh.

A' dèanamh cinnteach à gèilleadh airson obair-phàipeir iar-riochdachaidh, a' conaltradh ri companaidhean riochdachaidh far a bheil sin riatanach.

A' cuideachadh le bhith a' solarachadh agus a' lìbhrigeadh susbaint Tasglainn airson chompanaidhean riochdachaidh agus buill den phoball.

## Prìomh Sgilean

**Bu chòir gu bheil na sgilean is comasachdan a leanas a bhith aig an neach-dreuchd:**

### **Riatanach**

### **Miannaichte**

#### **Teisteanasan / Eòlas**

Nat 5, le aon chuspair àireamhach **no** eòlas dearbhte ann an suidheachadh meadhanan is craolaidh

#### **Eòlas**

A' tuigsinn àrainneachd nan còraichean craolaidh agus an nàdar de dhàta mu phrògraman no a' nochdadh deasachd a bhith ag ionnsachadh gu luath

#### **Sgilean**

Sgilean IT agus eagrachaidh làidir

A' nochdadh deagh sgilean a thaobh stiùireadh tìde

A' nochdadh deagh sgilean conaltraidh

#### **Riathanasan Cànain**

Ìre B2 [FICE](#) sa Ghàidhlig (A' bruidhinn na Gàidhlig aig ìre B2 no nas àirde)

#### **Giùlan**

An-còmhnaidh ag obair le dìcheall agus mothachail air mion-fhiosrachadh

Glè eagraichte

For-ghnìomhach

Comasach fa chomhair chuideaman agus cinn-ama

Ag obair gu math le daoine eile agus ag obrachadh ann an compàirteachasan cinneasach le buill eile den sgioba agus le treas pàrtaidhean.

**Faid:**

**15 miosan**

## Sanas

Thig còmhla rinn! Tha sinn a' fastadh!

Ag obair dhuinn mar **Foghlainneach Cho-òrdanaiche Chlàir agus Mheadhanan**, bidh thu a' cluich pàirt chudromach san Sgioba Susbaint againn, sgioba trang agus taiceil, a' cuideachadh ann a bhith a' libhrigeadh agus a' cur phrògraman thar BBC ALBA agus iPlayer sa chlàr.

'S e cothrom air leth a tha seo a bhith a' tòiseachadh sa chùrsa-obrach agad ann am meadhanan, a' faighinn eòlas practaigeach, agus ag ionnsachadh mar a thathar a' manaidsèadh agus a' libhrigeadh susbaint air chùlaibh nan sgrìnichean. Ag obair gu dlùth le co-obraichean thar sgiobaidhean MG ALBA agus a' BhBC, bidh thu a' toirt taic do ruith làitheil nan clàran craolaidh agus a' dèanamh cinnteach gu bheil susbaint deiseil airson craoladh.

Ged nach fheum eòlas a bhith agad mar-thà, airson a bhith soirbheachail san dreuchd seo bu chòir gu bheil thu a' bruidhinn Gàidhlig gu fileanta agus gu bheil sgilean eagrachaidh làidir agad, gu bheil thu mothachail air mion-fhiosrachadh, agus gu bheil ùidh agad sna meadhanan no ann an craoladh. Bidh sinn a' toirt seachad trèanadh is taic iomlan gus do chuideachadh le bhith a' togail misneachd agus a' leasachadh sgilean ann an siostaman clàran-craolaidh, libhrigeadh mheadhanan agus ag obair a rèir cheann-ama.

Bidh thu nad phàirt de bhuidheann aig cridhe nam meadhanan Gàidhlig, gar cuideachadh a bhith a' toirt phrògraman gu luchd-amhairc agus a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile nì a' ruith gu rèidh air an sgrìn agus air-loidhne.

Còmhla ri tuarastal farpaiseach, bidh cothrom agaibh cuideachd air raon de shochair, nam measg:

- Sgeama peinnsein tabhartach – 10% tabhartasan fastaiche, 5% a bharrachd ma thèid a mhaidsèadh.
- 31 latha de shaor-làithean bliadhnail + 6 saor-làithean poblach (pro rata)
- Cothroman ballrachd gym
- Cleachdaidhean obrach sùbailte agus càirdeil do theaghlaichean
- Sgeama Rothaireachd gu Obair
- Ag obair airson fastaiche a fhuair aithne mar Creideas nar Cosnaichean (Òr), Creideas ann an Sunnd (Coitcheann) agus Creideas nar Cosnaichean Òga (Òr).

Ceann-latha mu dheireadh airson tagraidhean – **Diluain 1<sup>st</sup> Ògmhios 2026 5f**, cha ghabhar ri tagraidhean fadalach.

### **Stiùireadh airson Tagradh:**

Cuiribh ur Cunntas-beatha agus litir còmhdaich gu [hr@mgalba.com](mailto:hr@mgalba.com) a' mìneachadh carson a bu chòir beachdachadh oirbh agus ur tuigse air mar as urrainn dhuibh an dreuchd a choileanadh gu soirbheachail. Tha sinn cuideachd a' cur fàilte air iarrtasan ann an cruthan cruthachail eile, a' gabhail a-steach tagraidhean bhidio.

**A bheil ùidh agad ann an dreuchd anns na meadhanan agus a' cleachdadh do chuid Ghàidhlig? Cuir fios thugainn airson còmhradh neo-fhoirmeil – bu toil leinn barrachd innse dhut.**

**MG**



# ALBA

**MÒRAN TAING!**

